

Geàrr-iomradh air Adhartas le Eagran 1 de Phlana Gàidhlig Dhùn Phrìs is Gall-Ghaidhealaibh

- Tha a' Chomhairle, mar phàirt den Iomairt Ciùil Òigridh anns an sgìre, air com-pàirteachas a stèidheachadh le Fèis Rois gus clasaichean a ruith ann am bun-sgoiltean. Tha ionnsachadh na Gàidhlig air a bhith mar phàirt den seo gu cunbhalach.
- Gus cur ri inbhe agus àbhaisteachadh na Gàidhlig, chruthaich a' Chomhairle modalan goirid mar thrèanadh ann am mothachadh Gàidhlig agus trèanadh ann an sgilean Gàidhlig aig ìre bhunaiteach. Tha cothrom aig a' Chomhairle an obair seo a leudachadh san àm ri teachd.
- Chaidh com-pàirteachas a stèidheachadh eadar a' Chomhairle agus buidheann coimhearsnachd Ghàidhlig Dumgal gus barrachd taic a chumail leotha ann a bhith a' neartachadh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. Bithear ag obair gu dlùth còmhla le bhith a' cur an ath-eagrain an gnìomh anns an sgìre.
- Rinn a' Chomhairle adhartas le poileasaidh airson soidhnichean dà-chànanach a chur an àirde anns an sgìre. Mar chiad cheum, bithear ag ùrachadh soidhnichean fàilteachaidh. Tha cothroman a bharrachd aig a' Chomhairle am pròiseas agus am poileasaidh seo a leasachadh tro chur an gnìomh an ath-eagrain.
- Thathar ag aithneachadh gu bheil Comhairle Dhùn Phrìs is Gall Ghaidhealaibh, leis an fhios a tha ri fhaighinn gu h-àrd agus leis an fhiosrachadh a fhuair bho na h-aithisgean dearcnachaidh airson Eagran 1 den phlana aca air ceumannan a gabhail gus fàs a thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig. Thathar cuideachd air ceumannan a ghabhail ann a bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart don chànan. Tha cothroman a bharrachd aig a' Chomhairle an obair aca a leudachadh gus àbhaisteachadh a thoirt air cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca agus cuideachd taobh a-staigh na Comhairle.
- Tha cothroman aig Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghaidhealaibh cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh aig ìre chorpóra leis an ath-eagrain den phlana aca gu sònraichte le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus air an làraich-lìn aca agus a bhith a' foillseachadh fiosan-naidheachd gu dà-chànanach.